

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2021 | 1 | AM MÀRT



Facal Toisich

Às dorchadas dùmhail geamhraidh, thig solas, blàths agus ùrachadh gach bliadhna le teachd an earraich. 'S dòcha air a' bhliadhna seo, seach bliadhnaichean eile, tha sinn nas mothachaile air seo, agus a' dèanamh fughar nas motha ri sìneadh an latha, ach an cuir sinn dubh-sgàilean na dùdlachd air chùl.

B' e geamhradh duilich a bh' ann. Làithean fada san fhàrdaich againn fhèin, ar sùilean a' gleacadh ri sgrìn coimpiutair fad bhith bhuaibh an latha. Gun chothrom cèilidh air càirdean, caraidean agus teaghlachan fad mhìosan. Fiù 's aig àm na Nollaige fhèin. Tha cuid air falbh on teaghlachan, agus cuid eile sgarichte on chuid charaidean. Tha sinn fuasgailte o na ruitheaman àbhaisteach a bh' againn uair dhan robh saoghal. Dh'fhaodadh gu bheil a' faireachdainn mì-chinnteach ain-fhoiseil. Dè tha gu a bhith a' tachairt? Am bliadhna; an ath bhliadhna? A-màireach?

Tha faireachdainnean dha leithid nàdarra, agus reusanta. Tha mòran san aon suidheachadh an-dràsta air fad na rìoghachd. Ach, chan e seo a' chiad uair a bha an comann-sòisealta air a bhuaradh agus air a shàrachadh le ioma-ghaoth na cugallachd. Agus chan ann airson na h-uarach mu dheireadh.

Mar a sgrìobh Pòl a chum nan Corintianach: *Oir is e Dia, a thuir, "À dorchadas soillsichadh solas," an t-Aon a th' air deàlradh nar cridheachan airson solas eòlas glòir Dhè a thoirt dhuinn ann an aghaidh Ìosa Criosd. (2 Corintianaich 4:6)*

Anns an dorchadas, earbamaid anns an t-Slànaighear, oir 's ann tro sholas a gheibheamaid fortachd bhuaibh agus treòir nach dìobair.

An sin brisidh do sholas a-mach mar a' mhadainn, agus fàsaidh do shlàinte gu grad; agus thèid d'fhìreantachd air thoiseach ort; bidh glòir an Tighearna gad chuartaichadh on taobh chùil. (Isaiah 58:8).

Tha mi an dòchas, mar an ceudna, gum bris solas Dhè a-mach mar a' mhadainn anns an earrach ùr seo, agus gun soillsichear glòir an Tighearna anns an dorchadas.

Leis gach beannachd

Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas

Dealbh



© Liam Alastair Crouse

Tro thròcair ro-mhòr ar Dè-ne, leis an d'fhiosraich an ùr-mhadainn on ionad as àirde sinn, A thoirt solais dhaibhsan a tha nan suidhe ann an dorchadas agus ann an sgàil a' bhàis, a threòrachadh ar cas air slighe na sìthe. Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartaicheadh ann an spiorad e, agus bha e anns an fhàsach gu là a fhoillseachaidh do Israel. (Lùcas 1:78-80)

Thogadh an dealbh seo timcheall na Càisge o chionn trì bliadhna ann am Bornais, Uibhist a Deas. Bhite a' ràdh gun dannsadh a' ghrian le toileachas gun do dh'èirich Ìosa o na mairbh.

Gàidhlig Shìmplidh

O àm gu àm bidh daoine ag ràdh gu bheil sgaradh, no fiù 's nàimhdeas, ann eadar saidheans agus creideamh. Aig amannan bidh daoine air gach taobh a' fàs frionasach no fiù 's feargach mu na daoine air an taobh eile, agus mun cuid bheachdan. Bidh iad amharasach, agus a' feuchainn ri làmh an uachdair fhaighinn air an taobh eile, an dòchas nach eist daoine eile ris na tha an "nàmhaid" ag ràdh. Seadh, bidh Crìosdaidhean ann a tha a' faireachdainn gu bheil dleastanas orra an cùl a chur ri saidheans, oir bidh iad a' coimhead air saidheans mar nàmhaid, mar rud ain-diadhaidh, a tha a' bagairt air an cuid creideimh fhèin. Ach chan fheum e bhith mar sin. Tha iomadh Crìosdaidh ann a tha ag obair ann an saidheans, eadar luchd-rannsachaidh agus luchd-teagaisg. Tha sealladh nas fheàrr aca, oir bidh iad a' cur an cuid tàlant gu feum, an cuid eòlais gu feum ann a bhith a' rannsachadh cruthachadh Dhè. Bidh iad a' geur-amhairc ann an obair an Tighearna, agus a' faicinn ann mar a rinn e gach rud cho iongantach, le cùram agus gràdh. 'S e tìodhlacan mìorbhaileach a th' ann an saidheans agus a th' ann an eòlas, oir tromhpa, chì sinn ann an dòigh nas pailte agus nas mionadaiche, cruthachadh iongantach an Tighearna. Tha Leabhar Ghenesis ag innse dhuinn gum faca Dia na rinn e, agus gum faca e gun robh e math. Bidh sinn ag ionnsachadh mun Chruthadair on a bhith ag ionnsachadh mun rud a chruthaich e.

Beagan taic

O àm gu àm - *from time to time*

fiù 's - *even*

frionasach - *tetchy, vexed*

làmh an uachdair - *the upper hand*

an cuid creideimh fhèin - *their own faith*

an cuid eòlais - *their expertise*

geur-amhairc - *looking/searching thoroughly*

tromhpa - *through them*

Lèirmheas leabhair

Maoilios Caimbeul, Gràs (Haddington: Handsel Press, 2019)

Bàrdachd Ghàidhlig le eadar-theangachadh Beurla

Anns an leabhran seo, tha Maoilios Caimbeul a' meòrachadh air gràs an Tighearna, agus gu sònraichte air mar tha e air fhoillseachadh dhuinn ann an cruthachadh Dhè. Ann am bàrdachd chliste, ealanta tha e a' cnuasachadh na dàimh eadar saidheans agus creideamh, agus na h-àiteachan far a bheil an dà chuid a' coinneachadh ri chèile. Tha am bàrd a' toirt sùil

air an dà chuid na rudan mòra agus beaga, agus a' lorg plana agus rùn Dhè anns an dà chuid, mar eisimpleir san dàn "Gràs nan speur 's nan atam". Chan ann a-mhàin air gnothaichean saidheansail a tha e a-mach, ged-tà, ach cuideachd air saidheachaidhean nar beatha, mar a tha againn anns an dàn deireannach san duanaire, "An Gràdh nach Fàilnich", agus ann an "Gràs na h-Eilthireachd", anns a bheil am bàrd a' bruidhinn le guth Chaluum Chille. Tron duanaire air fad, tha Caimbeul a' làimhseachadh gu dìreach agus gu h-ònarach ri duilgheadasan ann an creideamh, agus chan eil e a' seachnadh na firinne gu bheil rudan ann am beatha agus ann an saoghal nàdair, a tha doirbh, gu bheil briseadh-dùil ann cho math ri gaol, agus teagamh ann cho math ri creideamh.

Ach tha e a' lorg glòir agus gràdh Dhè anns gach rud, ann an ruitheam na beatha agus ann an "dannsa clis nan atam/ a bheil dhuinn fèithean, feòil is cnàmhan;/ moileciuilean nan obair dhìomhair,/ le leum is danns thar bhriathar." Tron leabhar, tha Caimbeul a' toirt dhuinn deagh eisimpleir air na dòighean anns a bheil saidheans agus creideamh ag obair còmhla, agus mar tha obair mhìorbhaileach luchd-rannsachaidh a' toirt dhuinn uinneig air obair agus glòir ar Tighearna. 'S e "lobairt" an dàn as fheàrr leam anns a' chruinneachadh seo, agus faodar a thuigsinn mar "mhanifesto" an leabhair, le brìgh an duanaire air a chur an cèil anns a' chiad rann:

*Tha lobairt sgrìobhte sna reultan,
san fhuil, san fheòil, san atam,
air a chlà-bhualadh far a bheil beatha.*

Tha an leabhar seo airidh air leughadh, agus airidh air meòrachadh an luchd-leughaidh.

Ailean MacLeòid, Griasaiche Bheàrnaraigh

Leis an Dtr. Ailean Tuairnear, mac piuthar a bhàird

Ged is ann am Beàrnaraigh a chuir Ailean mac Iain 'ic Mhurchaidh seachad a chuid as motha dhe a bheatha, is ann am Meabhag na Hearadh a rugadh e ann an 1858: mar a bha bhitheanta anns na h-amannan sin, chaidh a sheanair fhuadach à Beàrnaraigh. O chionn 's gun robh ceangal aig a mhàthair is athair ris an eilean, bha iad air leth toilichte thilleadh a Bheàrnaraigh mu 1870. An dèidh dha bhith san sgoil gu aois dà-dheug, chaidh e a dh'obair ann am Baile Mhic Phàile ann an Uibhist a Tuath, ach nuair a bha e sia-deug ghluais e a dh'Inbhir Nis far an do dh'ionnsaich e ciùird mar griasaiche airson còig bliadhna, is le na sgilean a bha aige bhithear a thoirt dha urram a bhith suidhe ann an uinneag a' bhùth-obrach ann an Inbhir Pheofharain. An uair sin thill e dhachaigh a Bheàrnaraigh, far an do chleachd e obair a' ghriasaiche airson a' choimhearsnachd fad a bheatha. Is cuideachd bha e air sgilean na croite ionnsachadh, cleas a bhith spealadh an arbhair, a' clachaireachd, 's a bhith cagarsaich an cluasaibh nan each nam biodh iad an-fhoiseil.

Is riamh o bha e na na dheugaire, bhiodh e ri bàrdachd air cuspairean dùthchail a thug toil-inntinn dha fhèin is do charaidean. Chan eil fios le cinnt cuin dìreach a ghabh e ris a' Chreideamh Chrìosdail; nuair a bha e na dhuine òg air a' Ghalltachd, b' àbhaist dha bhith dol dhan eaglais is mar a

chithear san ath stòiridh bheag, bha cumhachd na fireantachd air a ghreimeachadh sa bhliadhna 1918. Bha mac a pheathar, Niall, air a bhith sa Chabhlaich Rìoghail sa Chiad Chogadh, is nuair a thàinig crìoch air a' chogadh, bha dùil nach b' fhada gum biodh e air ais air talamh tròcair san eilean. Ach ghlac e droch thinneas-gabhaltach is b' fheadar dha bhith anns an ospadal an ceann a-deas Shasainn. An dèidh beagan ùine, fhuair Ailean is piuthar a mhàthar, Ceit Oighrig, telegram ag ràdh gun robh e air bàsachadh. Bha Ceit Oighrig gu tùr air bhoil le bròn, ach chaidh Ailean leis an telegram gu seòmar a' leabaidh is an dèidh treis ag ùrnaigh, thill e gu a phiuthar is thubhairt e, "Chan e an fhìrinn a tha san telegram idir, tha Niall beò fhathast." Is mar a thuirt e b' fhìor, oir an ath latha thàinig telegram eile bhon ospadal ag aideachadh gun robh air mearachd a dhèanamh is gun robh Niall a-nis beò fallainn.

An dèidh iomradh ghoirid air a bheatha, tha e iomchaidh a bhith a' sealltainn nas dlùithe air beagan de a bhàrdachd, oir ann an sin a chithear fios nas dlùithe air a thuigse is a chreideamh Chrìosdail a bha na bhunait-stèidh dha airson iomadh bliadhna. Tha a bhàrdachd làn de ìomhaighean agus samhlaidhean spioradail, agus tha blas stoidhle àrd na cùbaide agus Gàidhlig a' Bhìoball ann cuideachd. Mar bhlasaid air a bhàrdachd, seo dà earrann bhon laoidh "Tha mi fo àmhghar air chuairt san fhàsach":

*Ged dhèanainn leughadh, 's a dhol a dh'éisdeachd,
Mar chleachdadh beusach cha dèan e stàth;
Mur tig an éifeachd tre fhuil na réite
A bheir dhomh éirigh o'n ùir an àird.*

*Ma bhios mi 'm aonar bidh mi an daorsa,
Gu faigh mi aonadh ri Fear mo Ghràidh,
A choisinn saorsa le bhàs 'na daonnachd
'S thug buaidh le naomhachd air uaigh a bhàis.*

Agus dà rann on laoidh "Chan eil leth-bhreith maill' ri Dia":

*Is e meòrachadh air an Fhìrinn
Dh'fhàgas inntinn fallainn,
'S a bheir neart do'n bheath' as ùr,
'S a dh'ùraicheas an t-anam.*

*O m' anam, beannaich thusa an Dia
Thug riarachadh do cheartas,
'S a dh'òrdaich an lagh bha naomh
'S thug saorsa o'n pheacadh.*

Bha e na eildear fad iomadh bliadhna ann an Eaglais na h-Alba, is air a mheas gu mòr airson neart a' chreideimh is am mìneachadh is an teisteanas, a bheireadh e air iomadh earrann den Fhìrinn, do charaidean is gum biodh gu tric am ministear na chòmhradh cuideachd. Agus chum e toirt cuideachadh do nàbaidhean, ged a bha e mothachail gun robh an aois a' laighe air. Anns an Lùnasdal 1939 bha e fhèin is caraaid a' tilleadh dhachaigh feasgar an dèidh latha buain an arbhar. "Ciamar a tha do shlàinte?" ars a charaid ris. Fhregair Ailean, "Chan eil mi ro mhath – tha mi a' feitheamh ris an aiseag" – facal coltach ri mar a bha ann am beul-aithris nan seann Ghreugach. Agus b' fhìor mar a thubhairt e, oir chaochail e tràth san Dàmhair an aon bhliadhna. Is bha sluagh an eilein ga chaoth gu mòr, mar a chithear anns a' bhàrdachd cliùiteach aig bàrd eile a'

Beàrnaraigh, Eachann MacFhionghain:

*Gu bheil Beàrnaraigh gad ionndrainn,
Taigh na h-ùrnaigh 's an sluagh,
Chaill iad rionnag bha mùirneach
Ghabh a cùrsa nis bhuainn,
Bho nach faic sinn an t-aodann
Air an taobh seo de'n uaigh
Bha le maise na naomhachd
'N uair a b' aosmhor do shnuadh.*

Chaidh bàrdachd a' Ghriasaiche a foillseachadh anns an leabhar Griasaiche Bhearnaraidh: A Bhàrdachd le Iomradh Air, deas. le Niall Mac-an-Tuairneir (Glaschu: Caledonian Press as leth Niall Mac-an-Tuairneir, 1949).

Naidheachd

Comann Bhiobail na h-Alba

Tha Comann Bhiobail na h-Alba a' beachdachadh air goireasan ùra a chruthachadh sa Ghàidhlig, agus tha iad a' sireadh barailean luchd na Gàidhlig air na tha dhìth orra. 'S e cothrom math a tha seo gus leabhlanan ùra agus goireasan eile (ann an clò? ann an cruth didseatach? clàraidhean fuaim? bhideothan? stuth do theaghlachan?) fhaighinn anns a' Ghàidhlig a bhios nan cuideachadh ann am fàs ar creideimh.

Ma bhios beachd agaibh air goireasan a bhios feumail do luchd na Gàidhlig - inbhich no clann - nach cuir sibh post-d do Dhonnchadh Sneddon aig sneddon.duncan@gmail.com.

FilmG

Rinn Buidheann Òigridh Eaglais na Cill' Mhòire san Eilean Sgitheanach fiolm goirid airson co-fharpais Ghàidhlig FilmG, "Saidheans is Soisgeul". 'S agallamh a th' ann le Dolina NicMhathain, a bhios a' teagasg saidheans agus bith-eòlais tro mheadhan na Gàidhlig ann an Àrd-sgoil Phòrt Rìgh. 'S ann air an dàimh eadar saidheans agus creideamh a tha an agallamh, agus 's e folm smaoineachail, brosnachail a th' ann. Chithear air làrach-lìn FilmG e, aig:

<http://filmg.co.uk/en/films/2150/>, no thèid gu filmg.co.uk agus dèan lorg air "Saidheans is Soisgeul".

Na Nisich

Bidh cuimhne aig cuid agaibh air na clàraidhean *Na Nisich*, a chaidh fhoillseachadh anns na 1970an agus 1980an gus airgead a thogail do Chomunn Eachdraidh Nis. Tha ceathar clàran ann, Na Nisich I, II, III agus IV. Tha CEN a-nis air na clàran seo ath-fhoillseachadh ann an cruth CD (rim faighinn o CEN fhèin, aig www.cenonline.org) agus didsiteach tro sheirbheisean srùthaidh (Amazon, Spotify, YouTube agus iTunes). 'S ann air Na Nisich III a lorg sibh sailm agus laoidhean spioradail, air an seinn le seinneadairean leithid Chalium Dhòmhnail Bhàin, an Urr. Jack Mhoireasdain, Ciorstaigh Dholaidh agus Màiri Bhàin a' Ghladstoin.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Bàrdachd

Rannan bhon laoidh “Tha mi fo àmhghair air chuairt san fhàsach”, le Ailean MacLeòid, “Griasaiche Bheàrnaraidh”. Air fonn “Braghaid Albann”

Rinn neul mo chòmhdach mun d’fhuair mi eòlas
Air mar bu chòir dhomh bhith ruith na réis,
Is mur b’ e tròcair a Tì thug beò mi
Bhithinn fon chòmhdach sin fad mo rè;
Fo chis an nàmhaid ’s mi strì ri fhàgail,
Ach bha mi fàilingeadh anns gach ceum,
Gus ’n tàinig òrdugh bho Rìgh na Glòire
Bhon d’fhuair mi eòlas na h-ìobairt réit’.

Ged tha mi brònach, tha agam dòchas
San Tì chaidh òrdach mar ìobairt réit’,
A nì mo threòrach air sligh’ na còrach,
’S a bheir domh eòlas air ruith na réis;
Le creidimh ’s ùrnaigh is cleachdadh mùirneach,
’S cridhe dhlùthaicheadh ri Mac Dhé,
Le toil is ùmhlachd is spiorad brùite,
Ris nach tèid cùl chur an làthair Dhé.

’S e ìos’ bho Nàsaret a ghabh ar nàdar,
An t-sligh’ tha sàbhailte dh’ionnsaigh Dhé;
’S e Mac an Àrd-Rìgh an caraid gràdhach,
Is sagart ’s fàidh e is rìgh nan nèamh
’S e ’n lighich’ glòrmhor nì mo leòintean
A chur air dòigh mar chì e m’ fheum
’S na thig ’na fhàbhar a dh’iarraidh slàinte
Cha dèan e tàir air neach fon ghréin.

O, shulagh gun chùramh, chan fhada ’n ùine
Gun tòir sibh cunntas don Bhrìtheamh mhòr,
Is mura dùisg sibh gu séid an trompaid
Cha bhì bhur cunntais gu maith air dòigh;
Ach ’s e mo dhùrachd gun toir sibh ùmhlachd
Don mheangan chliùteach thàinig bho Ghlòir;
Ma bheir sibh gràdh dha ’s gun glèidh sibh ’àithntean
Bheir e sibh sàbhailte steach da Ghlòir.

Beul-aithris

Tha sgeul gun robh uamh ann uair agus i a’ bruidhinn ris a’ ghrian mun dorchadas agus mun t-solas. Chan fhaca a dhà dhiubh an rud eile a-riamh: cha fhaca a’ ghrian an dorchadas agus chan fhaca an uamh solas. Ars a’ ghrian ris an uamh, “trobhad thusa, gus am faic thu solas an latha.” Thàinig an uamh agus chunnaic i solas an latha agus cho mìorbhaileach ’s a bha e. An uair sin, ars an uamh ris a’ ghrian, “trobhad thusa a-nise, gus am faic thu cho brèagha ’s a tha an dorchadas agamsa.” “Nì mi sin”, ars a’ ghrian, ’s i a’ tighinn a-steach dhan uamh. Ach, dorchadas cha robh ann nuair a ràinig a’ ghrian an uamh. ’S ann mar an ceudna a tha solas Dhé.

Ùrnaigh

A Thighearna a chruthaich gach rud, tro cumhachd d’ Fhacail eadar beag is mòr,
eadar faicsinneach agus neo-fhaicsinneach,
na rudan a ghabhas tuigsinn,
agus na rudan nach gabh.
Tha sinn a’ guidhe ort, a Dhé,
gum bi ar cluasan agus ar cridheachan fosgailte
gus an cluinn sinn d’ Fhacal a’ labhairt rinn an-diugh,
gar treòrachadh a-chum slighe na sìthe agus na firinne,
a-chum tuigse agus gliocais,
agus a-chum beatha ùir nas pailte
nad làthaireachd, nad ghràdh agus nad ghràs,

Amen.